bhios ann, bheir thu a mach am fear geal agus crathaidh tu e.''

Rinn e mar sin, ach is e fearg mhór a bha air Fear Bheinn-a-bhaoghla.

Anns a' mhionaid a thug Mac Uisdein a mach an neapaige dearg agus a chunnaic Dòmhnall Breac e, ghrad-leum e sìos agus am fear eile a' bagairt air a athair a mharbhadh. Thug e a mach an claidheamh mór agus thubhairt e, ''Mu bheir thu uiread is fuil creithleig air m'athair-sa, chan fhàg mise ceann air amhaich ann an dùthaich Chloinn Raghnaill, agus bidh an t-eun as fheàrr anns an ealtainn agamsa leis a' cheud bhuille.''

''Rinn e droch dhìol air mo nighean,'' arsa Fear Bheinn-a-bhaoghla.

''Thoir a mach an seo i agus cluinnidh sinn dé a rinn m'athair-sa oirre,'' arsa Dòmhnall Breac.

Chaidh a h-athair a steach ach cha tigeadh ise a mach.

''Mur tig,'' arsa Dòmhnall Breac, ''ruigidh sinn i far a bheil i agus feumaidh i innse.''

Thugadh an uair sin a mach i.

''Seadh a nis,'' arsa Dòmhnall Breac; ''dé a rinn m'athair-sa ort?''

Cha robh i air son innse, ach mu dheireadh b'fheudar dhi.

''Thubhairt e rium,'' arsa ise, ''A nighean a' bhodaich mheallaich sgallaich, gu dé a thug ort nach do chuir thu a mach biadh nam fear mar a dh'iarr mise ort?' ''

''Ma tà,'' arsa Fear Bheinn-a-bhaoghla, ''bu mhise sin gun teagamh, a bhean gun nàire, an uair a chuireadh tu umhail dé a theireadh an duin'-uasal riut. Bha dùil agamsa gur e droch dhìol a rinn e ort an uair a ràinig thu mi anns an oin anns an robh thu.''

Thug Fear a' Bhaile a staigh iad agus bha an t-sìth deante.

Rinneadh air son tilleadh do Ghriminis, agus is e Dòmhnall Breac a thug bean a athar air a chùlaibh an lùib a bhreacain a null air na fadhlaichean.

Is ann bhuaipe seo a thàinig Dòmhnallaich Bhaile-Raghnaill agus teaghlaichean ainmeil eile anns a' Cheann a Tuath.

---

Cha seas càirdeas air leth-chois.

* * *

Crann a réir a' bhàta.

* * *

Gabh an latha math as a thoiseach.

* * *

Is math cobhair nam bioran le chéile.

* * *

Is rìoghachd do gach duine a thoil.

# Treasurer's Notes

**National Mod — Aberdeen, 1955.**

| | £ | s. | d. |
|---|---|---|---|
| RECEIVED AT ABERDEEN. | | | |
| Previously acknowledged ... ... | £2,781 | 15 | 2 |
| RECEIVED AT HEADQUARTERS. | | | |
| Previously acknowledged £298 12 7 | | | |
| The Glasgow Celtic Society 4 10 — | | | |
| | 303 | 2 | 7 |
| Final total as per Mod Account | £3,084 | 17 | 9 |

**Central Fund.**

| | £ | s. | d. |
|---|---|---|---|
| Previously acknowledged ... ... | £121 | 9 | — |
| Anon, Edinburgh ... ... ... | — | 5 | — |
| D. B. Macdonald, Esq., Somerset ... | 3 | — | — |
| Luss and District Highland Society | 2 | 15 | — |
| Vale of Leven Branch ... ... | 5 | — | — |
| | £132 | 9 | — |

**National Mod — Largs, 1956.**

| | £ | s. | d. |
|---|---|---|---|
| RECEIVED AT LARGS. | | | |
| Coffee Morning, per Miss Hunter ... | £26 | 0 | 0 |
| Afternoon Teas, per Mrs. Baird ... | 20 | — | — |
| Jumble Sale Proceeds ... ... | 74 | 10 | 9 |
| Treasure Hunt, per Miss Hunter ... | 10 | 11 | — |
| Market Fair Proceeds ... ... | 232 | 10 | 10 |
| Edinburgh Tattoo Outing ... ... | 41 | 7 | 3 |
| Fashion Show, per Mrs. Logan ... | 100 | — | — |
| Whist Drive, per Miss MacKenzie ... | 28 | 15 | 6 |
| Surplus at Police Concert ... ... | 1 | 12 | 8 |
| Bring and Buy Sale, per Miss Young and Miss MacPherson, Glasgow | 56 | 17 | 10 |
| Country Dance, per Miss Todd ... | 15 | — | — |
| Ceilidh at Fairlie, per Miss Hunter | 81 | 10 | 6 |
| Largs Sailing Club ... ... ... | 2 | — | — |
| Mrs. Renton, Largs ... ... ... | 1 | — | — |
| Peter Mackay, Esq., Glasgow ... | 0 | 10 | 0 |
| Misses Sinclair, Largs ... ... | 3 | 3 | — |
| Miss M. H. Crawford, Dunoon ... | 1 | — | — |
| D. MacRitchie, Esq., Glasgow ... | 1 | 1 | 0 |
| J. Shaw Grant, Esq., Stornoway ... | 2 | 2 | — |
| Mrs. Junor, Perth ... ... ... | 3 | 3 | — |
| Mary, Duchess of Montrose, Arran .. | 20 | — | — |
| Miss McLellan, Largs ... ... | 5 | — | — |
| Mrs. Kyle, Largs ... ... ... | 7 | 5 | — |
| George Gunn, Esq., Glasgow ... | 1 | — | — |
| Miss Margaret Grant ... ... ... | 1 | 5 | — |
| Hugh B. Frazer, Esq., Fairlie ... | 1 | — | — |
| Sundries ... ... ... ... | 1 | 6 | 6 |
| H. M. Ross, Esq. ... ... ... | 150 | — | — |
| Miss Macfarlane ... ... ... | 2 | 5 | 6 |
| Mr. and Mrs. A. E. M. ... ... | 50 | — | — |
| Dr. D. MacDonald ... ... ... | 1 | 1 | 0 |
| Miss Marshall, Largs ... ... | — | 10 | — |
| Sutherland Mod Committee ... ... | 5 | — | — |
| Helmsdale Branch ... ... ... | 5 | — | — |
| Govan Branch ... ... ... | 10 | — | — |
| Killin Branch ... ... ... | 4 | — | — |
| | £967 | 8 | 4 |
| RECEIVED AT HEADQUARTERS. | | | |
| William Mackay, Esq., Inverness ... | £1 | 1 | — |
| Fee relinquished—John A. MacRae, Esq., M.A., L.R.A.M., Glasgow ... | 2 | 2 | — |
| Mr. Duff, Fort William ... ... | 3 | 3 | 0 |
| Vale of Leven Branch ... ... | 10 | — | — |
| Helmsdale Branch ... ... ... | 5 | — | — |
| | £21 | 6 | — |
| Grand Total, National Mod, 1956 ... | £988 | 14 | 4 |